

Leugh agus Leasaich


---

# Sgòrnagair

---

Notaichean an Tidseir





# Leugh agus Leasaich

Tha LEUGH agus LEASAICH a' toirt cothrom leasachadh a dhèanamh air SGÒRNAGAIR LE JACQUELINE WILSON anns na sgilean a leanas;

- leughadh
- èisteachd agus labhairt
- sgrìobhadh
- cuspair sòisealta / eachdraidh
- teicneòlas

## Curraicealam airson sàr-mhathais – An Dàrna Ìre

Tha na notaichean seo airson beagan cuideachaidh a thoirt dhuibh a thaobh sgilean leughaidh na cloinne. Tha molaidhean ann cuideachd air gnìomhan còmhraidh, èisteachd agus sgrìobhaidh. Tha ceangal ann cuideachd a thaobh Slàinte agus Sunnd agus Dràma.

## Eòlasan agus builean

### Èisteachd agus Labhairt

'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd ris no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheistean eile, agus a bhith a' faighneachd cheistean de dhiofar sheòrsaichean bhuam fhìn.

#### LIT 2 – 04a

Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh;

- fiosrachadh, eòlasan is beachdan innse
- pròiseasan agus beachdan a mhìneachadh
- puingeann a shoilleireachadh le bhith a' faighneachd cheistean no le bhith ag iarraidh air daoine tuilleadh a ràdh.

#### LIT 2-09a



---

## Leughadh

Bidh mi gu tric a' taghadh agus a' leughadh, ag èisteachd no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha inntinneach dhomh agus is urrainn dhomh innse carson as fheàrr leam teacsaichean agus ùghdaran àraidh.

**LIT 2-11a**

Airson mo thuigse a shealltainn, is urrainn dhomh dèiligeadh ri ceistean litireil, ceistean mu bhrìgh agus ceistean measaidh agus ri obair dlùth-leughaidh eile, agus 's urrainn dhomh mo cheistean fhìn a chruthachadh.

**GAI 2-19a**

---

## Sgrìobhadh

'S urrainn dhomh a' chuid mhòr de na facail a dh'fheumas mi a litreachadh, a' cleachdadh riaghailtean litreachaidh, briathrachas speisealta, dòighean air fèin-cheartachadh agus raon de ghoireasan.

**LIT 2-21a**

Tron phròiseas sgrìobhaidh gu lèir, 's urrainn dhomh dèanamh cinnteach gu bheil mo sgrìobhadh a' dèanamh ciall agus gu bheil e freagarrach airson an adhbhair aige.

**LIT 2- 23a**

---

## Dràma

Le diofar sheòrsaichean brosnachaidh, is urrainn dhomh mo bheachdan, mo smuaintean agus m' fhaireachdainn a thaisbeanadh agus a chur an cèill tro dhràma.

**EXA 2-13a**

---

## Slàinte agus sunnd

Tha fios agam gu bheil càirdeas, cùram, roinn, cothromachd, co-ionannachd agus spèis cudromach ann an dèanamh dàimh làidir ri daoine. Mar a tha mi a' togail agus a' cur luach air dàimhean, tha mi a' nochdadh sùim agus agus spèis dhomh fhìn agus do dhaoine eile.

**HWB 2-05a**



## Sgòrnagair le Jacqueline Wilson

Coimheadaibh còmhla air còmhach an leabhair. Bruidhinnibh mun tiotal. Dè ur beachd mu chuspair an leabhair? Dè mu ainm an ùghdair? Coimheadaibh a-nis air cùl an leabhair. A bheil an t-ùghdar a' leigeil leis an leughadair plota na stòiridh gu lèir fhaicinn?






## Caibideil 1

Cha robh Raonaid measail air Màiri.  
Cha robh Màiri measail air Raonaid.  
Cha robh Sorcha measail air Màiri no Raonaid.  
**Thoir dearbhadh a bheil iad seo ceart.**

- Cò ris a bha Sorcha càrdeil? A bheil seo na thrioblaid aig amannan?  
Dè an seòrsa caractar a tha an t-ùghdar a' nochdadh dhuinn?
- Nuair a bha Màiri a' magadh air Raonaid mun locha, bha Raonaid coma.  
Dè tha seo ag innse mu phearsa Raonaid?
- Dè tha 'leam-leat' a' ciallachadh? Cò an tè de na caractaran a tha a' freagairt air an tuairisgeul seo?
- Ciamar a mhìnich Raonaid dhan dithis eile mu na bha a' tachairt a thaobh bana-bhuidsichean a pheanasachadh?
- Cò, nam beachd-san, an caractar as làidire?
- Dè an rud suarach a rinn Màiri agus Sorcha? A bheil an t-ùghdar soirbheachail ann a bhith a' dùsgadh fhaireachdainnean san leughadair?  
Mìnich do fhreagairt.





Faclan ùra – Lorg iad ann am Faclair na Sgoile agus sgrìobh iad nad leabhar le

**ròlaistean**

**buadhmhòr**

**li**

**sliomach**

**a' fanaid**

- Carson a rinn Raonaid sgiamh?
- 'Choisich an dithis aca air falbh 's an gàirdeanan timcheall a chèile.' (d18)
- Ciamar a bhiodh Raonaid a' faireachdainn? Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn gun robh seo fìor?
- Carson a chuir Raonaid oirre an dreasa a b' fheàrr a bh' aice?

**'Chaidh i na bu doimhne.'**

dorcha      *na bu duirche*

garbh      *na bu ghairbhe (tha garbh a' sèimheachadh)*

fada      *na b' fhaide (tha an litir 'u' aig 'bu' air fhàgail às an seo)*

math      *na b' fheàrr*

**Feuch am maids thu na feadhainn a leanas:**

càirdeil      *na bu fhliche*

blàth      *na bu mhìlse*

beag      *na bu chàirdeile*

dearg      *na bu bhlàithe*

milis      *na bu deirge*

fliuch      *na bu lugha*



## Caibideil 2

### Faclan ùra – mìnich iad

bofalan -  
droineadh -  
oillteil -  
ràc -  
taitneach -  
brosgal -  
sgeith -

### Gràmar

Maids na faclan seo ris na h-abairtean chearta (cuir loidhne eadar colbh 1&2 agus eadar colbh 2&3):

<b>math</b>	<b>nas lugha</b>	<b>as deirge</b>
<b>dearg</b>	<b>nas fhaide</b>	<b>as lugha</b>
<b>fada</b>	<b>nas dorra</b>	<b>as motha</b>
<b>beag</b>	<b>nas fheàrr</b>	<b>as dorra</b>
<b>doirbh</b>	<b>nas motha</b>	<b>as fhaide</b>
<b>mòr</b>	<b>nas deirge</b>	<b>as fheàrr</b>

- D26 – “s chluinneadh tu glugan a’ chaoinidh aige”  
Ciamar a bha an losgann a’ faireachdainn?
- D28 – Ciamar a bha daoine a’ milleadh na h-àrainneachd?
- Dè a’ chomhairle a thug athair Raonaid dhi mu sheann daoine?
- Ciamar a tha fios agad gun do chòrd e ri Sgòrnagair nuair a thuirte Raonaid ris gun robh e urramach?

### Gràmar

pìos feamann	(pìos <i>de</i> fheamainn)
pìos arain	(pìos <i>de</i> aran)
pìos	(pìos <i>de</i> )

Lorg aon eile.



- Bha dragh air Raonaid mu a cuid aodaich. Dè bha a' cur dragh oirre?  
Ciamar a chuidich Sgòrnagair i a thaobh seo?
- Ciamar a bha Raonaid a' faicinn Sgòrnagair às dèidh dha tioramachadh  
anns a' ghrèin?







## Caibideil 3

- Tha an t-ùghdar a' cur car anns an sgeul sa chaibideil seo. Tha Raonaid a' bruidhinn air a dhol dhachaigh. Ciamar a sheall an t-ùghdar seo?
- Dè an rud seann-fhasanta a rinn Raonaid air Sgòrnagair?
- Thuirt Sgòrnagair rud a chuir mòr-iongnadh air Raonaid. Dè bha sin agus ciamar a tha fios agad gun do chuir e iongnadh oirre?
- Dè thuirt e rithe a bhiodh i a' slugadh mura dùineadh i a beul?
- Bha Sgòrnagair ag iarraidh a bhith na \_\_\_\_\_ do Raonaid.
- Carson a thuirt a h-athair ri Raonaid nach fhaodadh peata a bhith aice?
- Air d38, dè tha 'ann an guth le ùghdarras' agus 'gun for aice' a' ciallachadh?
- An do chòrd e ri Sgòrnagair gun tuirt Raonaid gun robh e 'a' faireachdainn reamhar'? Ciamar a tha fios agad?
- Inns dè an dòigh san robh na gillean air na baidhsagalan gu math suarach.
- 'Cha tig iad nad chòir' Dè tha an abairt seo a' ciallachadh?

### Gràmar

Lorg trì co-ghnìomhairean anns a' chaibideil. Tha co-ghnìomhair a' sealltainn dhuinn an **dòigh** anns an deach rud a dhèanamh.

d41 'beagan còmhradh' – Carson is e *còmhradh* a tha às dèidh 'beagan'? Sgrìobh a dhà eile a' cleachdadh an fhacail 'beagan'.

Dè tha na faclan a leanas a' ciallachadh?

**samh**

**taigh-seinnse**





## CAIBIDEIL 4

“craiceann sleogach”  
d47 Dè tha seo a’ ciallachadh?

### Gràmar

**‘nuair a bha mi nam nighinn bhig’**

Dèan seantans leis an abairt seo.

- Dè am beathach a bha Sgòrnagair a’ faicinn ann an taigh Raonaid?
- Ainmich na rudan, am broinn an taighe, nach do chòrd ri Sgòrnagair?
- Cò ris a tha leug-line coltach?

Bha Sgòrnagair a’ smaoinichadh gur e \_\_\_\_\_ a bh’ anns an toileat.

Minich am facal ‘sàibhear’


- Carson nach bruidhneadh Sgòrnagair ri athair Raonaid?
- d54 ‘a’ stealladh ‘s a’ smùidreach uisge air feadh an àite’. Dè an seòrsa dealbh a tha an t-ùghdar a’ toirt dhuinn an seo?

Inns dè an cinneadh a bh’ aig Raonaid.

Dè an rud uabhasach a rinn Sgòrnagair air Raonaid?

Lorg na faclan seo nad fhaclair agus sgrìobh am mìneachadh aca;  
**clao**  
**foinne**

Ciamar a tha an t-ùghdar a’ cumail  
aire an leughadair aig deireadh na caibideil?





## CAIBIDEIL 5

- Dè na faireachdainnean a tha Jacqueline Wilson a' nochdadh dhuinn aig toiseach CAIBIDEIL 5?
- Ciamar a bha fios aig athair Raonaid gun robh i a' cleachdadh uisge?
- d61 Carson a tha GU DÈ IDIR A TH'AGAD AN SIN ann an litrichean mòra?
- An do chòrd Sgòrnagair ri athair Raonaid? Ciamar a tha fios agad air a sin?
- Bha Raonaid airson Sgòrnagair a chur air ais dhan locha, ach carson nach b' urrainn dhi sin a dhèanamh?
- Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn gun robh athair Raonaid mì-thoilichte?
- Nuair a chunnaic a h-athair gun robh Raonaid a' rànaich, dè a' chomhairle a thug e dhi?
- Càit an do dh'iarr a h-athair air Raonaid Sgòrnagair a chur?
- (d66) Dè a th'ann am 'paidirean' agus 'leugan'?
- Dèan coimeas eadar gàrradh Raonaid agus gàrradh Mhgr Chaimbeil.
- Dè bha Mgr Caimbeul a' smaoinichadh a bh' aig Raonaid?
- Inns dè ghabh Sgòrnagair air a shuipear.


### Faclair

iadh-shlat  
badan feòir  
ròineagan  
amharasach



Faigh a-mach dè an cànan a th' ann an *convovulus arvensis*?

Dè bha Sgòrnagair ag iarraidh air Raonaid a dhèanamh nach do chòrd rithe?  
Carson a bha Mgr Caimbeul a' gearan mun ghàrradh aig Raonaid?



Dè tha sin ag innse dhuinn mun character seo?

Ciamar a dhèilig Raonaid ris na thuirte rithe?

A bheil an deireadh tarraingeach? Mìnich do fhreagairt.

Dè tha sibh an dùil a thachras a-nise?

**LORG NA FACLAN SEO AIR CLÈITH**

- broth
- sgàilean
- cungaidh
- Sorcha
- suarach
- peata
- Sgòrnagair
- Màiri
- losgann
- Raonaid
- seilcheag
- foinne

T	U	P	X	J	P	B	H	N	P	E	A	T	A	Q
E	Z	L	O	O	J	N	Q	K	M	À	I	R	I	A
K	A	O	V	B	B	S	O	R	C	H	A	B	M	M
H	R	S	W	X	F	L	U	B	N	T	B	M	R	M
L	I	G	D	O	S	B	S	C	Z	E	R	A	C	R
R	I	A	C	G	J	C	C	U	L	B	W	I	O	Z
C	U	N	G	A	I	D	H	M	A	J	R	C	S	Y
Y	B	N	O	Q	M	A	S	F	U	R	I	I	X	T
M	J	Q	R	S	E	I	L	C	H	E	A	G	G	S
N	R	A	O	N	A	I	D	R	Z	M	A	C	T	Y
I	P	I	F	O	I	N	N	E	Z	S	L	B	H	H
F	S	G	Ò	R	N	A	G	A	I	R	G	E	C	M
N	N	T	B	J	Y	Q	S	G	À	I	L	E	A	N
D	X	F	V	Z	K	B	R	O	T	H	H	V	I	I
V	D	T	U	X	T	Y	F	X	O	Z	S	E	V	K





## CAIBIDEIL 6

Bha rudeigin air tachairt tron oidhche. Dè bh' ann?

An do dh'èist Sgòrnagair ri Raonaid nuair a dh'iarr i air stad a chur air na seileachgan? Ciamar a tha fios agad?

### Faclair

plòigh  
lann sliomach

Sgrìobh seantans a tha ag innse gun robh beachd aig Raonaid mar a gheibheadh iad cuidhteas na seilcheagan.

Tha fuasgladh cheistean a' nochdadh an seo. Dè a' cheist agus dè am fuasgladh a fhuair iad oirre?

- Mgr Caimbeul?
- Sgòrnagair?

Inns dè bha Sgòrnagair ag iarraidh air a bhracaist.

Dè na rudan eile a dh'fhaodadh Raonaid a thoirt dhà a bharrachd air muesli?  
Dè bhiodh tu fhèin air a thoirt dhà?

Dè na sgilean a bha Raonaid ag iarraidh ionnsachadh bho Sgòrnagair?

Dè bh' aca ri dhèanamh mus fhalbhadh iad air iteig?


Ainmich na rudan a bha a dhìth orra airson cungaidh-sgèith a dhèanamh.

Dè nach b' urrainn do Raonaid fhaighinn?

Cha robh *hoover* no bruis gu feum sam bith mar shlat-sgèith. Carson?

Chunnaic Sgòrnagair rud san oisean a dh'fhaodadh iad a chleachdadh. Dè bh' ann?

Ciamar a tha an t-ùghdar a' dèanamh cinnteach gum bi sibh ag iarraidh tuilleadh a leughadh aig deireadh na caibideil?





## CEART no CEÀRR

Inns a bheil na seantansan seo ceart no ceàrr. Thoir dearbhadh air do fhreagairt.

1. Nuair a bha i òg, bha Teadaidh Bàn comasach air bruidhinn ri Raonaid.
2. Chòrd e ri Raonaid a bhith a' togail sheilcheagan.
3. Bhiodh àirde a' toirt air Sgòrnagair a bhith a' faireachdainn tinn.
4. Chòrd fuaim a' *hoover* ri Sgòrnagair.



## CAIBIDEIL 7

Dè am facal anns a' chiad seantans a tha a' ciallachadh tòrr spotan.

Dè as ciall do 'an comhair a chinn', agus 'an impis'.  
Dè an dragh a bh' air Raonaid mun chungaidh-sgèith?

Mìnich 'cha leigeadh an t-eagal leatha gearan'.

**Cuir iad seo anns an òrdugh anns an do thachair iad.**

1. Thuit Raonaid agus Sgornagair gu làr.
2. Bhuail iad ann an crogan bhriosgaidean.
3. Chaidh an sgàilean an comhair a chinn dhan bhalla a' toirt leis cnap de phlàst.
4. Bhuail an sgàilean-sgèith ann an oir an dorais a' toirt leis sgealb mhòr de pheant.
5. Leag iad pacaid chornflakes air an làr.

Ciamar a tha an t-ùghdar a' sealltainn gun robh an gnothach a' còrdadh ri Raonaid?


Dè thachair nuair a dh'fheuch Raonaid ri dhol air an sgàilean leatha fhèin?  
Ciamar a tha fios againn nach robh Sgòrnagair toilichte mun chùis?

Carson a bha Sgòrnagair a' faighinn moladh mòr?  
Carson a bha dragh air Raonaid a bhith sa ghàrradh agus càit an deach iad an uair sin?

Dè tha am facal 'sil' a' ciallachadh?

**Sgòrnagair ri sanais. Beagan spòrs!**

Dèan suas rudeigin a thuit Sgòrnagair ri Raonaid agus cuir e timcheall a' bhuidhinn ann an sanais. Faic an robh an rud a chuala an duine mu dheireadh an aon rud ris na thuit a' chiad sgoilear.





## CAIBIDEIL 8

Dè thachair nuair a dh'fhosgail Raonaid an sgàilean?

'ghabh i aithreachas' – Dè tha an abairt seo a' ciallachadh?

Inns mar a tha fios agad nach do chòrd an turas ri Sgòrnagair.

Ciamar a bha Raonaid a' stiùireadh an sgàilein?

### Gràmar

Sgrìobh seantans leis an abairt seo.

'os cionn an rathaid mhòir'

d107-109 Chleachd an t-ùghdar Sgòrnagair airson aire an leughadair a chumail.

Dè an dòigh anns an do rinn i seo?

Inns nad bhriathran fhèin dè thachair do Raonaid agus dhan sgàilean.

Dè an duilgheadas a bh' aca nuair a chunnaic iad far an robh iad?

Dè an deoch a dh'iarr Sgòrnagair? Dè an deoch a thug Raonaid dha?


Sgrìobh 5 ceistean eile air a' chaibideil seo agus faighnich iad dhad charaid.

### Eadar-sgaradh

Far a bheil sgoilear le feumalachdan a bharrachd,  
cuir iad ann am buidheann.







## CAIBIDEIL 9

Aig toiseach na caibideil, dè thachair a bha a' dùsgadh faireachdainnean Raonaid?

Carson a bha Raonaid air a làmhnan a 'dhùnadh nan dùirn theann?'

Dè an seòrsa faireachdainnean a tha Jaqueline Wilson a' nochdadh air d118/119?

Saoil carson nach tuiirt Raonaid guth mu na brogan ùr aig Sorcha.

Lorg trì buadhairean a bheir tuairisgeul air Màiri.

Dè an t-iarrrtas a bh' aig Sgòrnagair do Raonaid nuair a thill i dhachaigh?

**Lorg ciall na leanas agus an uair sin sgrìobh am mìneachadh.**

a' dol a dholaidh

slaightearan

neo-shona

oillteil

faob

Beachdaich air carson nach robh Raonaid ag iarraidh air Sgòrnagair cron a dhèanamh air Màiri. Dè tha an t-ùghdar airson sealltainn mun character aice?

Cleachd na litrichean ann an SGÒRNAGAIR airson faclan, le 2, 3, 4 no barrachd litrichean, a dhèanamh. Faodaidh sibh 2 phuing fhaighinn airson gach fear le 2 litir, 3 puingeann airson gach fear le 3 litrichean agus mar sin air adhart. Cò aig a bhios an sgòr as àirde aig an deireadh? Faodaidh sibh obrachadh leibh fhèin, ann am pàidhrichean no ann am buidhnean a rèir an àireamh sgoilearan a tha sa chlas.

### Eadar-sgaradh

Ma tha sgoilear ann a tha feumach air cuideachadh, feuch nach bi i/e leatha/leis fhèin.





## CAIBIDEIL 10

- An do leig an t-ùghdar fhaicinn dhan leughadair on toiseach gur e aisling a bh' aig Raonaid mu na seilcheagan?
- Ciamar a cheangail i an dà chaibideil ri chèile?
- Dè tha an abairt seo a' ciallachadh?
- Bha bus air Sgòrnagair (d126).
- Carson nach robh Sgòrnagair toilichte Raonaid fhaicinn tràth sa mhadainn?
- Ainmich na trì lusan a bha Sgòrnagair a' dol a chleachdadh. Dè a' Bheurla a tha orra?
- (d132) Ciamar a tha fios agad gun robh athair Raonaid iomagaineach mu a deidhinn?
- Dè thuirt e rithe a dhèanamh còmhla ri Sorcha agus Màiri?

### Ainmearan agus gnìomhairean

Cuir pìosan cairt no pàipear le ainmearan ann an aon bhogsa agus feadhinn le gnìomhairean ann am bogsa eile. Iarr air sgoilear cairt a thoirt às gach bogsa agus seantans a dhèanamh a' cleachdadh an dà fhacal a thagh iad.

### Eadar-sgaradh

Faodaidh iad cuideachadh fhaighinn bho charaid ma tha iad a' faighinn tàire.






## CAIBIDEIL 11

### Faclair

cèir  
snìomh  
geasachd  
cuagach  
muing  
uchd



Carson a bha Raonaid deònach leisgeul a dhèanamh do Mhàiri nuair a bha i cho suarach rithe?

Beachdaich air an dòigh anns an do dheilig:

- Màiri ri Raonaid
- Sorcha ri Raonaid
- Raonaid ris an dithis nighean

Aig deireadh an leabhair, an robh atharrachadh sam bith air tighinn air a' chàirdeas eadar an triùir? Thoir dearbhadh air do fhreagairt.

d139 'Mhothaich i gun robh i air chrith'  
Dè ur beachd air an seo?

Thoir tuairisgeul air màthair Màiri.

### Beachdaich air a seo.

Tha buaidh aig dòigh-beatha ar pàrantan oirnn. Dè na rudan a bhios sibhse a' dèanamh a tha coltach ri ur pàrantan?

Rinn Màiri rudeigin laghach ri Raonaid. Dè bh' ann?

### LITRICH

adhbrann  
uabhasach  
mì-mhodhail

### Eadar-sgaradh

Tagh faclan a tha nas fhasa ma tha sgoilear ann nach eil cho comasach.





Inns dè an aois a tha sibh a' smaoinichadh a tha na h-ìghnean agus thoir dearbhadh air do fhreagairt on leabhar.

“S beag an t-iongnadh’. Dè tha seo a’ ciallachadh?

Dè ur beachd mu chrìoch na stòiridh?

Dè an seòrsa gnè sgrìobhaidh a th’ ann?

## RÈIS

Sgrìobh na faclan ùra on leabhar air pìosan cairt. Cuir na sgoilearan ann an dà bhuidheann agus cuir iad, nam buidheann, ann an loidhne le cluicheadair 1 aig an aghaidh, cluicheadair 2 air an cùlaibh 's mar sin air adhart. A' tòiseachadh le cluicheadair 1, seall dhaibh am facal Gàidhlig agus bidh a' chiad chluicheadair a fhreagras gu ceart a' suidhe sìos san àite àbhaisteach aca. 'S e a' chiad buidheann a bhios uile nan suidhe a tha a' buannachadh. Cluich seo barrachd air aon turas airson cothrom a thoirt don bhuidheann a chaill a' chiad turas.

## Eadar-sgaradh

Cuir sgoilear a dh'fheumas cuideachadh còmhla ri sgoilear a tha gu math comasach.



## SGRÌOBHADH

Bha Raonaid ag iarraidh sgèith. Dè bhiodh tu fhèin ag iarraidh? Sgrìobh stòiridh mhac-meanmnaid, stèidhichte air an tè seo, ag innse mu dhàn-thuras air an deach thu fhèin far nach deach a h-uile rud mar bu chòir. Cleachd faclair airson do chuideachadh.

Ann am buidhnean, sgrìobh sgeidse ghoirid, a sheallas an aon seòrsa suidheachadh / faireachdainn, far a bheil triùir characteran mar na h-ìghnean anns an stòiridh agus dèanaibh am pìos dràma agaibh air beulaibh nan sgoilearan eile.

## SLÀINTE agus SUNND

Ann am buidhnean, sgrìobhaibh sgriopt goirid a' sealltainn an triùir nighean agus am faireachdainnean agus, nur sgrìobhadh, thoiribh fuasgladh air a' cheist mun aimhreit eatarra. Smaoinich mar a b' urrainn seo a bhith na chuideachadh ma tha cuideigin a' fulang on dearbh thrioblaid.

## DRÀMA

Nur buidhnean, dèanaibh an sgeidse agaibh air beulaibh nan sgoilearan eile. Cleachdaibh ur guthan airson faireachdainnean a shealltainn. Dèanaibh coimeas eadar fuasgladh ceist gach buidheann.